

## Bòrd MG ALBA

Scotch & Rye, PQ, Glaschu  
Diardaoin 7 Ògmhios 2018, 0900-1330

### Dreach geàrr-chunntas

**Bòrd:** Magaidh Choineagan (*sa Chathair*)

Màiri Kidd

Iain Stephen Moireasdan

Daibhidh Brew

Donaidh MacAmhlaidh

Catriona Nic a' Phì

Jo NicDhòmhnaill

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul, Àrd-Oifigear

Niall M. Greumach, Stiùiriche Ionmhais

Iseabail Nic an t-Sagairt, Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan

Sandra Corbett, Oifigear Leasachaidh

**An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach, Ceannard Seirbheis BBC ALBA (*puing 16 air adhart*)

Bruce Malcolm (Director, BBC Scotland 2018) (*puing 16 air adhart*)

Pat Kenny, Deloitte LLP (*puing 14*)

### **1. Leisgeulan**

Calum MacFhearghais; Dùghall MacAmhlaigh.

### **2. Gnothaichean Dearbhte**

Mhìnich a' Chathraiche gum biodh i a' gabhail ri tairgse bho Ofcom a bhith mar bhall airson Alba air an Content Board. Bhiodh sin a' ciallachadh gum biodh i a' leigeil dhith a dreuchd aig deireadh na Sultain. Chaidh aontaicheadh gun coinnicheadh a' Chomataidh Ainmeachaidh cho luath 's a gabhadh son beachdachadh air pròiseas fastaidh chathraiche ùir. Chaidh aontachadh gu feumadh plana-tuiteamais a bhith ann mura biodh cathraiche ùr an dreuchd air 1/10/18. Chaidh iarraidh air an t-Àrd-Oifigear dèanamh cinnteach gun robh plana conaltraidh iomchaidh ann. (Gnìomh: DC)

Mhìnich Catriona Nic a' Phì gun robh i ag obair air Farpaisean Chon-Chaorach, prògraman maoinichte le MG ALBA.

Mhìnich Jo NicDhomhnaill gu robh i gu bhith ag eadar-theangachadh sgeulachdan airson prògraman ura chloinne air BBC ALBA, maoinichte leis a' BhBC. Mhìnich i cuideachd gun robh i na ball air Bòrd Sabhal Mòr Ostaig.

Mhìnich Màiri Kidd gu bheil i a' sgrìobhadh dha Func, prògraman maoinichte le MG ALBA.

### **3. Geàrr-chunntas nan coinneamhan mu dheireadh**

**a. 22/2/18** - Aontaichte.

**b. 19/4/14** - Aontaichte.

#### **c. Gnothaichean ag èirigh**

Chaidh aontachadh aig coinneamh air 19/4/18 gu sgrìobhadh an Cathraiche gu h-oifigeil gu Stiùiriche BBC Scotland mun dragh a bha aig a' bhòrd mu BBC Scotland a bhith a' dèanamh prògram eile mu dheidhinn thubaistean mara 1918 air cladaichean Ìle, an dèidh do BhBC ALBA prògram a dhèanamh air an aon chuspair. Mhìnich an Cathraiche gun do bhruidhinn i ris an Stiùiriche agus ris an neach-naidheachd aig BBC Scotland agus gun do dh'innis iad mar a bha neo-eisimeileachd aig seirbheis naideachdan BBC Scotland a leithid de cho-dhùnadh a ruighinn, gu h-àraid ann an suidheachadh far an robh ceangal pearsanta aig an àrd-neach-naidheachd ris an sgeulachd.

Chaidh innse gu robhas fhathast a' toirt cuireadh don Stiùiriche neo-ghnìomhach airson Alba air bòrd a' BhBC, Steve Morrison, tighinn gu coinneamh bùird agus gun rachadh sin a dhèanamh a rithist airson na h-ath choinneimh air 27 Sultain. (Gnìomh: DC)

Chaidh bruidhinn mu phlana thachartasan agus chaidh iarraidh air oifigear am plana a chumail air beulaibh nam ball gu cunbhalach. (Gnìomh: MAMI)

### **4. Aithrisean**

#### **a. Cathraiche**

Rinn an Cathraiche aithris. Dh'innis i gun do choinnich i ri Brendan O'Hara BP, agus gun do dh'innis esan gun robh Rùnaire na Stàite airson DCMS, Matt Hancock BP, a' coimhead gu fàbharach air an iarrtas a chaidh thuca airson ath-thòiseachadh air maoinachadh MG ALBA aig an ìre a bh' ann ann an 2014/15 agus 2015/16. Dh'innis an t-Àrd-Oifigear gun robh e a' conaltradh ri oifigearan DCMS mu chomasan laghail Rùnaire na Stàite taic a thoirt dhan bhuidhenn. Chumadh fios ri buill.

Chaidh a chomharrachadh gum biodh an Cathraiche agus an t-Àrd-Oifigear a' coinneachadh leis an Leas-phrìomh Mhinistear air 9/8/18 aig co-luadar Gàidhlig: Adhartas nas Luaithe mu chur-an-gnìomh a' Phlana Nàiseanta Cànain.

#### **b. Cathraiche Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh**

Bha geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (17/5/18) fa chomhair nam ball, agus gabh buill fainear.

#### **c. Cathraiche Comataidh Inbhean**

Bha geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (8/5/18) fa chomhair nam ball, agus gabh buill fainear.

**d. Cathraiche Comataidh Ainmeachaidh**

Bha geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (28/5/18) fa chomhair nam ball, agus gabh buill fainear.

**5. Lèirmheas nan Comataidhean**

**a) Comataidh Inbhean**

**i) Fèin-mheasadh**

Bha fèin-mheasadh nam ball fa chomhair nam ball. Chaidh aontachadh gun cuireadh oifigearan plana leasachaidh iomlan (airson nan Comataidhean agus a' Bhùird) chun a' Bhùird cho luath 's a ghabhas. Mhol a' Chathraiche gum biodh seo air a dhèanamh ron an ath choinneamh Bùird. (Gnìomh: DC)

**ii) Aithisg bhliadhnail**

Bha aithisg na bliadhna mu dheireadh fa chomhair nam ball agus gabh buill fainear.

**iii) Clàr-obrach 2018-19**

Bha clàr-obrach na bliadhna fa chomhair nam ball agus chaidh aontachadh.

**b) Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh**

**i) Fèin-mheasadh**

Bha fèin-mheasadh nam ball fa chomhair nam ball. Chaidh aontachadh gun cuireadh oifigearan plana leasachaidh iomlan (airson nan Comataidhean agus a' Bhùird) chun a' Bhùird. (Gnìomh: DC)

**ii) Aithisg bhliadhnail**

Bha aithisg na bliadhna mu dheireadh fa chomhair nam ball agus gabh buill fainear.

**iii) Clàr-obrach 2018-19**

Bha clàr-obrach na bliadhna fa chomhair nam ball agus chaidh aontachadh.

**6. Lèirmheas a' Bhùird**

**a) Fèin-mheasadh**

Bha fèin-mheasadh nam ball fa chomhair nam ball. Chaidh aontachadh gun cuireadh oifigearan plana leasachaidh iomlan (airson nan Comataidhean agus a' Bhùird) chun a' Bhùird. (Gnìomh: DC).

## **b) Meatrags Sgilean**

Bha Meatrags Sgilean fa chomhair nam ball agus ghabh buill ris. Chaidh aontachadh gun dèanadh gach ball fèin-mheasadh san ùine ghoirid gus cuideachadh a thoirt don Chomataidh Ainmeachaidh ann a bhith a' comhairleachadh Ofcom mu na sgilean a bhiodh a dhìth sa chathraiche ùr (Gnìomh: DC).

### **7. Aithisg an Àrd-Oifigeir**

Bha aithisg air beulaibh nam ball agus ghabh buill fainear.

Mhìnich an t-Àrd-Oifigeir gun robh e air bruidhinn ri Comhairle nan Eòlaichean Eòrpach air a' Chairt Eòrpach airson nam mion-chànannan agus gun do mhìnich e na puingean cudromach a bha mu choinneimh nam meadhanan Gàidhlig.

### **8. Siostam riosg foirmeil**

Bha moladh fa chomhair nam ball, a bha a' dealbhachadh ceithear ìrean de riosg agus an ìre a bha iomchaidh airson aire agus uallach a' Bhuirid, agus dh'aontaich am Bòrd ris gu foirmeil.

### **9. Clàr-riosgan**

Bha Clàr-riosgan na buidhne fa chomhair nam ball agus ghabh buill fainear. Dh'innis an Stiùiriche Ionmhais gun deach seo cuideachd air beulaibh na Comataidh Sgrùdaidh agus gun do chumar deasbad an sin mu riosgan leithid farpais bho sheanail ùr BBC Scotland, ìsleachadh ann an luchd-coimhid telebhisein gu fairsaing agus airson BBC ALBA, agus dùbhlain maoinachaidh BBC ALBA.

### **10. Slat-tomhais agus frèam-measaidh phrògraman**

Bha pàipear air beulaibh bhuill a' sealltainn soirbheas phrògraman le luchd cleachdaidh. Dh'iarr am Bòrd gum biodh cuideachd beachd nan oifigearan ri fhaicinn. (Gnìomh: IM)

### **11. Dashboard**

Bha an Dashboard fa chomhair nam ball taobh a-staigh Aithisg an Àrd-Oifigeir agus chaidh iomradh a thoirt air, a' sealltainn far an deach targaidean a choileanadh agus far nach deach. Chaidh innse gun deach gach targaid susbainteach a bha taobh a-steach chomasan na buidhne a choileanadh, ach gur iad ruigse na seanail agus cleachdadh an iPlayer an dà dhragh as motha, gur iad fàs ann an ìre toileachais nam prògraman agus seallaidhean tro na meadhanan sòisealta dà de na rudan as soirbheachail. Chaidh aithneachadh nach robh comas fhathast aig luchd-cleachdaidh thall thairis air BBC ALBA fhaicinn. Ghabh buill fainear.

### **12. Lèirsinn 2021**

Bha dealbh air adhartas le Lèirsinn 2021 fa chomhair nam ball agus rinn an Stiùiriche Roinnleachd is Co-bhanntachd aithris. Chaidh comharrachadh gun robh na meadhanan-sòisealta nan adhbhar dochais, ach nach robh an adhartas ann a bhiodhmaid ag iarraidh le stuthan fèin-chruthaichte (ugc). Rachadh ugc a làimhseachadh ann an dòigh ùr taobh a-steach beagan sheachdainean. Ghabh buill fainear.

**13. Cunntasan Stiùiridh na bliadhna 2017/18**

Mhìnich an Stiùiriche Ionmhais gun tàinig barrachd airgid a-steach tron bhliadhna na bha sa bhuidseat, a' mhòr chuid bho Riaghaltas na h-Alba airson prògraman ùra, calpa, bùithtean-obrach, leasachadh Bannan agus goireas gràmair airson LearnGaelic. Bha tabhartas ann cuideachd bho Bhòrd na Gaidhlig airson LearnGaelic agus bho HIE airson rannsachadh air leasachadh eaconomigach. Chuir buill ceistean agus bha iad riarachte.

**14. Aithisg bhon Luchd-sgrùdaidh agis Cunntasan Bhliadhnail 2017/18**

Rinn Pat Kenny bho Deloitte LLP aithris. Mhìnich e mar a chaidh an luchd-sgrùdaidh mu thimheall air an obair aca agus an dèidh an sgrùdadh nach robh puingean susbainteach aca ri thogail mu Chunntasan Bhliadhnail 2017/18.

Fhreagar Pat Kenny ceistean. Mhìnich e gun robh Deloitte a' comhairleachadh gum bu chòir dhan aonta laghail eadar MG ALBA agus am BBC ùrachadh ri linn cho bunaiteach 's a bha e airson obair na buidhne. Tha aithris aig puing 16 b) gu h-ìosal.

Ghabh buill ri na cunntasan reachdail agus chur an t-Àrd-Oifigear agus an Cathraiche an làimh-sgrìobhte riutha.

Thugadh taing do sgioba Deloitte agus sgioba ionmhais MG ALBA.

**15. Aithisg Bhliadhnail 2017/18**

Bha teacsa na h-Aithisg Bhliadhnail fa chomhair nam ball. Cha deach atharraichean a mholadh agus às dèidh deasbaid thiomnaich am Bòrd ùgdaras chon Chathraiche aonta dheireannach a thoirt do theacsa na h-Aithisg Bhliadhnail 2017/18.

**16 BBC ALBA**

**a) Measadh air adhartas**

Bha pàipear air beulaibh bhall a bha ag innse mun adhartas ann a bhith a' sireadh àrdachadh anns a' mhaoin a tha am BBC a' cur gu ruige BBC ALBA. An lùib eile, bha am pàipear a' cur an cuimhne nam ball (a) an diofar a tha anns a' mhaoin bhon Chis Craolaidh airson craoladh Gàidhlig agus airson craoladh sa Chuimris, agus (b) amas a' BhBC airson "suas gu 100 uair" de phrògraman ùra airson BBC ALBA. A thaobh sin, bha am BBC air a ràdh ri Comataidh Pàrlamaid na h-Alba gun robh dùil aca, air no ro 2020, gun cuireadh iad barrachd phrògraman ùra Gàidhlig gach seachdain ri BBC ALBA, suas bho 4.2 ann an 2016 gu 7.2. Bha am pàipear a' cur an cuimhne bhall gur e 10 uair san t-seachdain a bha MG ALBA agus Comataidh Thaghte a' moladh dhan BhBC fon Chairt ùr.

Bha am pàipear cuideachd a' cur fa chomhair nam ball post-dealain bho Stiùiriche BBC Scotland chun an Àrd-Oifigear agus a' Bhùird ag radh nach robh e comasach dhan BhBC ann an Alba airgead a chur mu choinneimh nan leasachaidhean sin agus gur ann tro cho-obrachadh agus cho-comiseanadh a bhiodh an luach ri fhaighinn.

Rinn Bruce Malcom agus Mairead Màiri Mhoireach aithris.

Chaidh innse, mar mhìneachadh air carson nach biodh am BBC a' cur airgead ùr mu choinneimh nan uairean a bharrachd a bha iad ag amas air airson BBC ALBA, gun robh buidseat a' BhBC airson gach seanail (BBC ALBA agus an t-seanail ùr BBC Scotland) stèidhichte. Dh' fheumadh am fuasgladh tighinn bho cho-obrachadh chruthachail eadar an t-seanail ùr agus BBC ALBA. Thuirt an Stiùiriche, Scotland 2018, nach robh e a-riamh san amhairc gum biodh

airgead a bharrachd ann airson a bhith a' cruthachadh na "suas gu 100 uair" de phrògraman ùra airson BBC ALBA, agus gun robh e follaiseach gun robh mì-thuigse air a bhith ann ma bha MG ALBA den bheachd gum biodh am BBC a' cur airgead mu choinneimh na h-uaireannan sin.

Mhìnich riochdairean a' BhBC gun robh iad a' tomhas gun do chur iad luach £4m de phrògraman Beurla mu choinneimh BBC ALBA sna bliadhnaichean a dh'fhalbh air nach b' fheudar do BhBC ALBA ach £135k (no 4%) a chosg ann a bhith gan tionndadh gu prògraman Gàidhlig, leithid Ceitidh Mòrag, Fitheach agus msaa.

Chaidh cuideachd dùil a nochdadh gu faodadh cosgaisean an sàbhaladh nam biodh an dà sheanail gu bhith an làthair aig an aon tachartas, le bhith a' co-roinn ghoireasan, agus mar sin gu faodadh sàbhailidhean a bhith ann airson BBC ALBA a rachadh gu prògraman ùra.

Chaidh aithneachadh gun robh còmhraidhean adhartach air a bhith a' tachairt eadar an dà sheanail air ro-innleachd ciùil is thachartasan agus air rugbaigh Pro14, agus thuirt an Stiùiriche airson Scotland 2018 gum biodh e feumail nan cumadh iad barrachd fios mu adhartas ri bòrd MG ALBA.

Chaidh ceistean a thogail le buill.

Chaidh aithneachadh gun robh BBC ALBA ag obair gu soirbheachail leis a' BhBC agus le craoladairean is sgaoileadairean eile, a' cur tionndaidhean Gàidhlig air prògraman ann an cànanan eile, agus gum biodh cothrom barrachd a dhèanamh leis an t-seanail ùr. Chaidh aithneachadh nach i a' cheist dè chosg na prògraman Beurla a bha agus a bhitheadh am BBC a' tabhann do BhBC ALBA ach dè a' chosgais do BhBC ALBA a bhith a' cur tionndadh is blas Gàidhlig orra, cò às a thigeadh an t-airgead airson sin agus dè an luach a bhios ann do luchd-coimhid BBC ALBA ma tha am prògram Gàidhlig cuideachd ri fhaighinn ann am Beurla air seanail Albannach eile aig an aon àm.

Chaidh aithneachadh gu bheil BBC ALBA air a bhith a' tionndadh phrògraman bho Bheurla is chànanan eile gu Gàidhlig gu soirbheachail mar-thà agus gur e leudachadh air na roghainnean a bhiodh am modail sin a' tabhann. Dh'innis oifigearan gu bheil am modail sin tric nas tarraingeach agus nas luachmhor don luchd-coimhid, agus a' toirt sònrachas do BhBC ALBA, nuair a tha e air a chur gu obair le craoladairean bho dhùthchannan eile, far nach biodh an aon phrògraman sa Bheurla ri fhaicinn ann an Alba. Chaidh aithneachadh gur e ceistean làitheil a bha annta seo, agus gu feumadh na taghaidhean as fheàrr a dhèanamh airson luchd-coimhid BBC ALBA.

Chaidh togail, bho chòmhradh neo-fhoirmeil a chaidh a chumail le Ofcom an oidhche ro-làimh, gun robh Ofcom a' meòrachadh air an e seirbheis uile-choitcheann a bu chòir a bhith ann am BBC ALBA air neo an e "intervention" a bha innte a bhiodh nas fheàrr air a tomhas mu choinneimh thoraidhean a bhiodh Riaghaltas na h-Alba a sùileachadh. Chaidh faighneachd am biodh sin a' coimhead air craoladh Gàidhlig ann an dòigh ro shìmplidh agus am biodh cunnart ann a bhith a' sgaradh craoladh Gàidhlig bho chraoladh san fharsaingeach. Chaidh togail nach biodh e cuideachail nam Ofcom a' sùileachadh gur ann air Riaghaltas na h-Alba a-mhàin a bu chòir uallach maoinachaidh BBC ALBA a bhith a' tuiteam, mar a bha a' coimhead coltach anns a' chead eadar-amail a thug Ofcom don t-seanail ùr BBC Scotland air 20 Giblean 2018.

Bha deasbad ann mun bhuaidh aig gainneid airgid air rùn MG ALBA. Chaidh moladh gur i a' phrìomh cheist, cò air am bu chòir do MG ALBA an cuid airgid a chosg, gu h-àraid nam biodh Ofcom den bheachd nach robh targaidean uile choitcheann air an t-seanail? An e cothrom ath-nuadhachaidh a bha seo? Am faodadh coimhead a-rithist air cò air am bu chòir do MG ALBA fòcas a chur?

Bha beachd ann nach robh BBC ALBA a' toirt do luchd-coimhid na bha iad airidh air, leithid do dhaoine òga agus do luchd-ionnsachaidh, agus ann an suidheachadh gainneid airgid gun robh

uallach ann coimhead às ùr air ciamar a-nis a bu chòir MG ALBA a bhith a’ cosg an cuid airgid airson an luach as fheàrr a chruthachadh.

Bha ceist ann mu dheidhinn ròl an t-seanail ùr BBC Scotland ann a bhith a’ togail inbhe na Gàidhlig, agus bhathas ag aithneachadh nach robh sin soilleir agus gun robh Ofcom den bheachd nach biodh an t-seanail ùr ag amas air Gàidhlig a bhrosnachadh.

Bha ceist ann, ri linn gum biodh an t-seanail ùr BBC Scotland ag amas air luchd-coimhid na h-Alba, am bu chòir do BhBC ALBA, no co-dhiù na bha MG ALBA a’ cur ri BBC ALBA, a bhith ag amas air luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a-mhàin, seach a bhith ag amas air a bhith feumail do earrann de luchd-coimhid na dùthcha gach seachdain. Chaidh deasbad a chumail air an targaid de 10% a bha ann aig toiseach na seanail agus a bha fhathast ann am Plana Obrachaidh MG ALBA, agus sa cho-theacsa sin chaidh ceist a thogail air dè cho iomchaidh ’s a bha slatan-tomhais BBC ALBA agus an robh feum air feadhainn eile.

Thog oifigearan na puingeann a leanas.

Tha mòran chòmhraidhean a’ dol le BBC Scotland agus tha BBC ALBA air mòran mholaidhean is roghainnean a chur air adhart.

Tha BBC ALBA mar-tha air a bhith ag obair le co-maoineachadh agus co-coimiseanadh, mar a bha ri fhaicinn bho chionn ghoirid le foillseachadh fios mu na pròiseactan eadar-nàiseanta luach còrr is £5m anns a bheil airgead MG ALBA an sàs.

‘S e bun gnothaich, gu bheil am BBC air co-dhùnadh a ruighinn nach cuir iad airgead ùr mu choinneimh an co-obrachadh a tha iad ag amas air agus gu bheileas ag aithneachadh nach eil am BBC, gu coitchinn, a’ cur ri BBC ALBA na bhiodh MG ALBA a’ sùileachadh a bhiodh cothromach.

Bha oifigearan a’ comhairleachadh gum bu chòir BBC ALBA fhathast a bhith mar sheirbheis do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus, ann an cuid de phrògraman, a bhith ag amas air a bhith feumail do fheadhainn aig nach robh Gàidhlig (an dà phòl). Chaidh coimeas a dhèanamh le na seanailean S4C agus TG4 airson leasannan a tharraing.

Chaidh togail gun robh BBC ALBA, leis an ro-innleachd a bha aice, a’ toirt taic dha na trì cinn-obrach mòra a tha sa Phlana Nàiseanta Cànan 2018-2023: cuir ri inbhe is làthaireachd nàiseanta na Gàidhlig; cuir ri ionnsachadh na Gàidhlig; agus cuir ri cleachdadh na Gàidhlig. Chaidh aithneachadh gun robh barrachd ri dhèanamh fo gach ceann.

Chaidh na leanas aontachadh:

- Plana agus clàr-ama ullachadh a’ ruighinn suas gu 2021/22 (nuair a bhios sgrùdadh leth-slighe ga dhèanamh air Cairt a’ BhBC), ag amas air:
  - Coiteachadh
  - Ath-nuadhachadh air tairgse BBC ALBA
  - Doighean obrach leis a’ BhBC ann an Alba
- Gun rachadh litir ullachadh bhon Chathraiche gu Stiùiriche nan Dùthchannan agus nan Roinnean aig a’ BhBC, ag iarraidh:
  - Gun gabh am BBC uallach maoineachaidh nan seirbheisean taic; agus
  - Gun toir am BBC taic ris a’ bheachd airson sreath ùr phrògraman iomadh-mheadhanach airson luchd-ionnsachadh.

(Gnìomhan: DC)

## **b) Molaidhean an luchd-sgrùdaidh mu Aonta na co-bhanntachd**

Tha an luchd-sgrùdaidh Deloitte a' moladh, san aithisg gu buill às dèidh an sgrùdadh bhon taobh a-muigh air Cunntasan na Bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2018:

*“We are aware that there is continued discussion with the BBC surrounding the establishment of a new collaboration agreement, updated for the realities of the current relationship and taking into account the changing TV landscape, including the establishment of the BBC Scotland channel and the impact this may have on BBC Alba. We would strongly urge that this remains a priority for the Service and that continued efforts are made to update the agreement which underpins BBC Alba.”*

Chaidh bruidhinn le Pat Kenny bho Deloitte mun cheist seo fo puing 14.

Mhìnich Pat Kenny gun robh Deloitte a' comhairleachadh, fo shealladh “going concern”, gum bu chòir dhan aonta laghail eadar MG ALBA agus am BBC ùrachadh ri linn cho bunaiteach 's a bha e airson obair na buidhne. Ge-tà, ri linn nach eil buaidh dìreach aig an Aonta Laghail air teachd a-steach MG ALBA cha robh e a' faicinn gun robh aois an Aonta Laghail fhèin mar chùis èiginneach ach bhiodh e nas fheàrr a làimhseachadh gus nach biodh e na thrioblaid nas fhaide air adhart.

Gabh buill fainear den chomhairle.

## **17) Ionnsachadh**

### **a) Goireas ùr iomadh-mheadhanach (Iomairt 2, Lèirsinn 2021) - adhartas**

Bha moladh air beulaibh nam ball, air an robh “Speak Gaelic” a bha a' togail air rannsachadh mu ghoireasan ionnsachaidh telebhisein agus air-loidne ann an diofar dhùthchannan gus modal a dhealbhadh airson Gàidhlig.

Chùm buill deasbad agus sheall iad gun robh iad riarachtaichte leis a' bheachd agus gum bu chòir gluasad gu moladh susbainteach a rachadh gu Stiùiriche nan Dùthchannan agus nan Roinnean aig a' BhBC airson taic ionmhasail. (Gnìomh: IMT)

### **b) LearnGaelic (plana obrach, buidseat is luchd-obrach)**

Bha pàipear air beulaibh nam ball le plana gnìomh agus buidseat airson na bliadhna.

Mhìnich an t-Àrd-Oifigear gun robh moladh ann mu dheidhinn dhreuchdan air an robh LearnGaelic feumach, agus gun robh e san amhairc gum biodh pàirt den uallach air a choileanadh le neach bhon BhBC a bhiodh anns an sgioba coimiseanaidh. Bhiodh co-dhiù aon dhreuchd ùr aig MG ALBA agus, nam biodh e riatanach rachadh dreuchd Deasaiche LearnGaelic a ghluasad bhon BhBC gu MG ALBA .

Chaidh ceistean a thogail le buill mun bhuidseat mar a bha e, agus e a' sealltainn gu faodadh cosgais a bhith seachad air an teachd a-steach, agus chaidh innse gum biodh sin air a chothromachadh fhads a bha a' bhliadhna a' ruith gus nach bi thar-chosgais ann.

Thèid moladh a dhèanamh gu Ofcom a thaobh nan dreuchdan air sgàth an uallach reachdail a tha orra.

Bha am Bòrd aontaichte.

## **18) Studio Alba: cosgaisean agus molaidhean**

Bha pàipear air beulaibh nam ball a bha a' sealltainn nan cosgaisean a bhiodh ann nam biodh MG ALBA a' gabhail thairis air Studio Alba, agus a' moladh gun gabhadh buill fainear gus an



rachadh tilleadh chun a' chuspair aig an àm cheart. Dhearbh an Stiùiriche Ionmhais gun robh còmhraidhean a' leantainn leis a' BhBC agus le CnES.

Thug buill taing don Stiùiriche Ionmhais agus dh'aontaich buill gun robh an fhiosrachadh ga ullachadh airson a bhith a' beachdachadh air roghainnean aig an àm cheart.

#### **19) Ùrachadh Idents**

Bha pàipear fa chomhair nam ball ag innse gun robh Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh air gluasad buidseat aontachadh gus leth dhen chosgais a cheadachadh airson ùrachadh idents BBC ALBA, air cùmhnannt gun tigeadh an leth eile bhon BhBC. Ged a bha a' chosgais taobh a-staigh chumhachdan tiomnaichte nan oifigearan, bha an gnothach a' tilleadh gu buill a' Bhùird air saillibh an ùidh shònraichte a bha aca sa chuspair.

Chaidh aontachadh.

Chaidh ceist a chur mun adhartas a bhathas a' dèanamh le bhith a' gluasad gu riochdachadh beò a' chlàir (presentation/continuity), agus chaidh innse gum biodh barrachd ri ràdh aig deireadh an Ògmhios. (Gnìomh: IMT)

#### **20) Tasglann Didseatach nam Meadhanan Gàidhlig**

Bha pàipear fa chomhair nam ball a bha a' dealbhachadh an fheum airson tasglann didseatach nam meadhanan Gàidhlig (ri linn nach eil an gnìomhachas tuilleadh a' cleachdadh theipichean) agus gur e co-bhanntachd le Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, anns am biodh am BBC agus MG ALBA an sàs, am modail as tarraingaiche air sàillibh an comas a tha aca a bhith a' glèidheadh agus a' taisbeanadh stuthan agus a bhith a' togail airgid airson a leithid.

Chur buill an cuimhne oifigearan gu a bhith a' cur Tobar an Dualchais an diochuimhn agus chaidh dearbhadh nach tachradh sin.

Bha buill riarachta leis an fheallsanachd.

#### **21) Cùmhnanntan airson aonta a' Bhùird (seachad air £100k san uair)**

Cha robh gin ann an turas seo.

#### **22) GDPR – Poileasaidhean ùra ri aontachadh**

Bha poileasaidhean, a bha air a bhith fo dheasbad le buill na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh, air beulaibh nam ball airson aonta.

As dèidh deasbad chaidh aontachadh gun rachadh pròiseas sgrìobhte a leantainn airson aonta fhoirmeil a bhùird a thoirt seachad. (Gnìomh: NMG)

Dh'aontaich am Bòrd an Stiùiriche Ionmhais ainmeachadh mar Oifiger Dìon Data. A thaobh cunntalachd, tha an dleastanas reachdail air a' bhùird, tha an t-Àrd-Oifigear cunntalachd airson coileanadh agus tha an Oifigear Dìon Data an gnìomh airson an t-eolas aca air a' chuspair agus an comas aca gach gnothach a làimhseachadh gu ceart le, no às aonais taic bhon taobh a-muigh. Chomhairlich am Bòrd gun coimheadadh an Stiùiriche Ionmhais air dreuchd Oifiger Dìon Data a chur air eòlaiche bho thaobh a-muigh na buidhne air neo an dreuchd a cho-roinn le buidheann eile. (Gnìomh: NMG)

#### **23) Aithisgean dèanadais – Q4 2017/18**

Bha na h-aithisgean a leanas fa chomhair nam ball agus gabh iad fainear.

- a) Aithisg Ràitheil Ionmhais (bidh seo air a dheasbad fo phuing 6)
- b) Aithisg Ràitheil BBC ALBA
- c) Aithisg Ràitheil Air-loidhne agus Meadhanan Sòisealta
- d) Fiosrachadh air prògraman co-mhaoinichte

**24 GISBE**

Dhearbh an Cathraiche gum biodh coinneamh den Chomataidh Ainmeachaidh ann thairis air a' fòn anns na làithean tha tighinn mu phròiseas fastaidh chathraiche ùr.

Dh' aontaich buill cumail ris a' choinneimh fa-leth a bhathas air cuir air dòigh airson 2/10/18 ann an Glaschu.

**25. Deit agus ionad na h-ath choinneimh:**

27/9/18, Steornabhagh

*Ainm sgrìobhte a' chathraiche:*

*Deit:*